

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIBH LIFE AND WORK

AIREAMH 1 | 2013 | FAOILLEACH

Facal Toisich

Faisg air deireadh na bliadhna a dh'fhalbh chaidh clach-mhìle a chomharrachadh ann an eachdraidh craobh-sgaoilidh. Tha ceithir fichead bliadhna agus deich bho chaidh a' cheud prògram a chur a-mach air an ràdio leis a' BhBC ann am Breatann.

An toiseach bha na prògraman air fad ann am Beurla, ach an ceann beagan bhliadhnachan fhuair na Gàidheil prògraman dhaibh fhèin, ged nach robh ann ach glè bheag de stuth ann an Gàidhlig. Thàinig na ceudan de sheirbheisean Gàidhlig a-mach air an adhar on uair sin, agus chan eil fios cia meud neach a fhuair beannachd le bhith ag èisteachd ris na seirbheisean sin. A-nis tha cothrom againn a bhith ag èisteachd ri seirbheisean Gàidhlig a h-uile Sàbaid. Aig aon àm cha robh seirbheis Sàbaid ann ach uair anns a' mhìos, le adhradh goirid tron t-seachdain.

A-nis tha telebhisean anns a' chuid mhòir de dhachaighean anns an dùthaich, ach 's aithne dhomh fhèin grunn dhaoine aig nach eil ach an ràdio. Tha iomadh buannachd an cois ràdio nach eil aig telebhisean. Leis an telebhisean feumaidh do shùil a bhith air an dealbh nad choinneamh. Ach leis an radio faodaidh tu obair eile a dhèanamh fhad 's a tha thu ag èisteachd ri prògram air an ràdio. (Tha an ràdio a' dol agus mi a' sgrìobhadh a' phìos seo.)

Tha Dia air iomadh goireas a thoirt dhuinn a tha air a bhith 'nam beannachd don chinne-daonna. Chuirinn-sa an ràdio air thoiseach air gach inneal mìorbhaileach a tha againn anns an linn seo. On ràdio gheibh sinn fiosrachadh air iomadh cuspair. Gheibh sinn naidheachdan o iomadh ceàrn den t-saoghal. Cluinnidh sinn iomadh facal a bheir cuideachadh agus cofhurtachd dhuinn. Ged nach biodh ann ach an neart spioradail a gheibh luchd-èisteachd on phrògraman ràdio 's e inneal beannaichte a tha ann.

**Beannachdan na Bliadhn' Uire dhuibh uile,
Ruairidh MacLeòid.**



Air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean bha iomadh taigh-misein iarainn ann far am biodh miseanaraidh a' searmonachadh. 'S e R. R. Speirs à Glaschu a dhealbh na togalaichean sònraichte seo, a' chuid mhòr dhiù leis an Eaglais Shaoir Aonaichte. Glè thrì bhiodh taigh-còmhnaidh a' mhiseanaraidh ceangailte ris an eaglais, mar a bha fìor mun togalach a ch' sibh anns an dealbh. Tha adhradh ga chumail fhathast ann an cuid mhath de na h-eaglaisean sin, ged a rinneadh leasachadh orra bho chaidh an togail. Seo mar a tha eaglais Sholais ann an Uibhist a Tuath a' coimhead an-diugh. Air fear de na miseanaraidhean a bha suidhichte ann an Solas bliadhnachan air ais bha Calum MacMhathain, athair an dà sgoileir ainmeil, an t-Urr. Uilleam MacMhathain agus am Proifeasair Aonghas MacMhathain.

Cùil Nan Ceist

'S e am Faoinleach a' cheud mhìos den bhliadhna, agus anns an iris seo tha sinn a' cur cheist oirbh mu àiteachan anns a' Bhìoball far a bheil am facal "ceud" air a chleachdadh. Tha sinn ag innse dè na caibideil anns an lorg sibh na freagairtean. Tha fuasgladh nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Dè a' chlach luachmhor a bha anns a' cheud bhunait aig balla a' bhaile? (An Taisbeanadh, caibideil 21.)
2. Lìon a' bheàrn: "Ann an ceud bhliadhna -----". (Dàniel, caibideil 9.)
3. Dè a' cheud àite anns an tugadh an t-ainm "Crìosdaidhean" air luchd-leantainn Chrìosd? (Leabhar nan Gnìomharan, caibideil 11.)
4. Cò a bha 'na uachdaran air Siria nuair a rinneadh a' cheud mheasadh air an t-sluagh? (Lùcas, caibideil 2.)

Bròn – 1

Bho chionn faisg air bliadhna air ais bha mi ann an Uibhist agus ri taobh na leapa bha leabhar a sgrìobh Bob Gass leis an ainm, *Joy comes in the morning*. Dh'fhuirich na faclan sin 'nam inntinn, cha b'ann ann am Beurla ach ann an Gàidhlig. *Thig aoibhneas leis an là*. Tha iad a' tighinn à Salm trìthead, earrann a còig:

*Oir fhearg cha mhair ach mionaid bheag,
'Na dheagh ghean beatha tha:
Tràth feasgar fòs ged robh ann bròn,
Thig aoibhneas leis an là.*

Chan eil e furasta sgrìobhadh mu dhèidhinn bròin agus caoidh. Tha fios agam gum bi daoine a' leughadh seo a tha a' smaoinneachadh nach bi aoibhneas 'nam beatha tuilleadh, ach cia air bith mar a tha sinn a' faireachdainn tha gealladh Dh'è againn gum bi e maille rinn. *Is dlùth an Tighearna dhaibh-san a tha briste 'nan cridhe agus saoraidh E iadsan a tha brùite 'nan spiorad*, agus cuiridh mi m'Amen ri sin.

Leugh mi mu fhear a bha a' dol fo lannsa airson a chridhe. An latha roimhe thàinig nurs agus shuidh i ri 'thaobh agus bhruidhinn i mar seo:

A-màireach nuair a bhios tu fon lannsa bidh tu air do chumail beò le machine. Nuair a bhios an opaireisean seachad, airson sia uairean a thide cha bhi e comasach dhut gluasad no bhruidheann, ach bidh fios agad dè a bhios a' dol mun cuairt ort. Fad na h-ùine sin bidh mise rid thaobh, agus bidh mi còmhla riut gus an tig thu am feabhas. Ma bhios eagal ort, bi mothachail air mo làimh nad làimh-sa agus bidh fios agad nach eil thu leat fhèin, oir chan fhàg mise thu.

Agus thachair e dìreach mar a thubhairt i, agus ged nach b'urrainn dha càil a dhèanamh rinn an nurs a bha còmhla ris an diofar a bu mhotha.

Bidh ar suidheachaidhean air a' mhìos seo gu math eadar-dhealaichte, ach tha Dia a' gealltainn a bhith maille riutsa agus riumsa an-diugh, a-màireach, agus an latha an dèidh sin.

**Oighrig Fhearghasdan,
(A' Mhanachainn)**

Searmon Beag

Na dìochuimhnich a thiodhlacan uile. (Salm 103:3)

Tha mi a' creidsinn gum bi sinn uile a' gearan nach eil a' chuimhne againn cho beò agus a bha i. Tha e cho furasta dhuinn ainm cuideigin a dhìochuimhneachadh. Thèid sinn suas an staidhre a lorg rud-eigin, ach mus ruig sinn bàrr na staidhre, cha bhi cuimhne againn dè a bha sinn ag iarraidh, no dè a bha sinn a' dol a dhèanamh.

An robh cuimhne mhath aig na deisciobail?

Tha sinn a' leughadh ann an Soisgeul Lùcais mu nithean a thachair aig àm na Càisge. Chaidh Iosa a chrochadh air crann-cheusaidh agus thug a chàirdean a chorp a-nuas on chrann. Chuir iad 'na laighe e anns an uaigh a bha Iòseph o Arimatèa ullachadh dha fhèin.

Thàinig luchd-leantainn Iosa chun na h-uaighe. Bha a' chlach mhòr air a gluasad o bheul na h-uaighe. Chaidh a-steach, ach, mo thruaighe, cha robh sgeul air corp am Maighistir.

Sheas dithis làimh riu ann an aodach dealrach, agus thubhairt iad, *Carson a tha sibh ag iarraidh an tì a tha beò am measg nam marbh?* Chan eil E an seo, ach dh'èirich E; cuimhnichibh – cuimhnichibh – mar a labhair E ribh air dha a bhith fhathast ann an Galile.

Tha sinn a' leughadh: Agus chuimhnich iad a bhriathran. Anns a' mhionaid thàinig faclan Iosa air ais thuca. Bidh rudan ann a tha sinn air a chur air dìochuimhne gus an tachair rud-eigin a bheir air ais gu ar cuimhne. Chanadh sibh nach dìochuimhnicheadh na deisciobail gu bràth na rudan a theagaisg Iosa dhaibh. Tha e furasta dhuinn uile rudan a chur air dìochuimhne, agus tha feum againn air cuimhneachain airson a bhith ag ùrachadh ar cuimhne. Tha Sàcramaid a' Chomanachaidh mar chuimhneachan air na rinn Dia air ar son ann an Iosa Crìosd.

An robh cuimhne mhath aig an t-salmadair?

Leabhraichean

Bidh mi tric a' caoidh nach eil tuilleadh shearmoinean Gàidhlig againn ann an clò. A-nis tha cruinneachadh againn le seachd de na searmoinean aig an Urr. Tormod MacSuain a chaochail ann an 2008. Nì a h-uile duine a chuala Mgr. MacSuain a' searmonachadh toileachadh mòr ris an leabhar seo, agus gheibh ginealach ùr cothrom cuid de na searmoinean tlachdmhor tarraingeach aige a leughadh dhaibh fhèin.

Rugadh Tormod MacSuain ann an Sgalpaigh na Hearadh agus rinn e seirbheis dhìleas don Eaglais ann am Barraigh, ann an Srath Chura agus Srath Lachlainn, ann am Mànaig agus Sgarasta, air a' Mhorbhairne agus ann an Ceann an Loch. Bha mòr mheas air anns gach sgrìobhadh an shaoithrich e gu dìcheallach. Bha am Fear-deasachaidh a' bruidheann bho chionn ghoirid ri tè à Srath Chura aig an robh cuimhne bhlàth air Tormod. Agus thubhairt i gu robh i air

Taingealachd agus Dòchas

Searmoin leis an Urr. Tormod MacSuain

(Air fhoillseachadh le Caidreachas-Ospadail nan Eilean)

chuart ann am Barraigh far an do choinnich i ri feadhainn a bha eòlach air agus measail air nuair a bha ann aig toiseach a mhinistrealachd.

A bharrachd air an obair a rinn e mar mhinistear-sgìre, 's iomadh neach dan tug e cuideachadh agus cofhurtachd anns bliadhnachan a bha e 'na sheaplain do dh'èaslaichtich ann an Steòrnabhagh.

Tha tiotal an leabhair air a stèidheachadh air faclan a bhiodh ar caraid Tormod tric a' cleachdadh – *Coimhead air ais le taingealachd agus air adhart le dòchas* – facal-suaicheantais math airson toiseach bliadhna. Tha dealbhannan grinn anns an leabhar de Thormod agus de na h-àiteachan anns an robh e a' saothreachadh. Agus cha bhiodh e coileanta gun dealbh de Sgalpaigh, eilean a bhreith ris an robh e cho ceangailte. Tha ro-ràdh air leth freagarrach aig an toiseach leis an Urr. Ruairidh MacFhionghain.

Mac Caraid nan Gàidheal



Bha an t-Oll. Urr. Tormod MacLeòid air ministear cho iomraiteach agus a bha beò ann an Alba anns an naodhamh linn deug. Bu mhac e do Thormod ainmeil eile, “Caraid nan Gàidheal”, agus rugadh e ann an Ceann Loch Chille Chiarain ann an an 1812. Bha Caraid nan Gàidheal 'na mhinistear ann an Eaglais Ghàidhealach Cheann Loch Chille Chiarain o 1808 gu 1825. Anns an iris mu dheireadh de leabhran Comann Arsaidheachd agus Eachraidh Nàdarra Chinntire tha Murchadh Dòmhnallach a' sgrìobhadh mu bheatha MhicLeòid a bha 'na mhinistear ann an Eaglais a' Bharonaigh ann an Glaschu. Bha a' Bhan-rìgh Victoria air leth measail air Tormod mar shearmonaiche, agus bha i glè mhuladach nuair a fhuair i naidheachd a bhàis ann an 1872. Bha Murchadh Dòmhnallach an urra ri tasglann Comhairle Earra Ghàidheal agus Bhòid gus an do leig e dheth a dhreuchd. Ann an làithean 'òige bha e a' fuireach ann an Uibhist a Deas, far an robh 'athair, an t-Urr. Murchadh Dòmhnallach 'na mhinistear ann an Dalabrog eadar 1954 agus 1959.

Tha e an còmhnaidh anns na sailm ag iarraidh a bhith a' cuimhneachadh air rudan a thachair anns na làithean agus anns na bliadhnan a dh'fhalbh. Ann an aon àite tha e ag ràdh, *Is cuimhne leam na làithean o chian.*

Ach bha eagal air an t-salmadair gun dìochuimhnicheadh e na rudan a bha fìor chudthromach agus e cho trang le dleasdanasan eile. Bha e mar gum biodh e a' bruidheann ris fhèin anns an treas salm thar a' cheud: *Beannaich an Tighearna, O m'anam, agus na dìochuimhnich a thiodhlacan uile.*

Bha Daibhidh ag iarraidh a bhith a' cumail cuimhne air a h-uile thiodhlac a bha Dia a' buileachadh air. *Na dìochuimhnich a thiodhlacan uile.*

Bhiodh an salmadair a' moladh Dhè airson nan cothroman a fhuair e 'na bheatha nach d'fhuair daoine eile. Tha cothroman againne nach d'fhuair ar sinnsirean. Tha goireasan againn nach eil aig daoine ann an dùthchannan eile. Aig toiseach bliadhna tha adhbhar againn a bhith a' toirt taing do Dhia airson ar beannachdan, tìmeil agus spioradail.

Bhiodh Daibhidh a' moladh Dhè airson nan tàlant an a bhuilicheadh air. Bha comasan aige mar bhàrd agus mar fhear-ciùil. Bha comasan aige mar cheannard. Tha tàlant againn uile a bu chòir dhuinn a bhith a' cur gu feum ann an seirbheis Dhè agus ann an seirbheis ar co-chreutair.

Grunn thursan ann an leabhar Dheuteronomi tha na faclan seo sgrìobhte, *Cuimhnich gu robh thu fhèin ad sheirbheiseach ann an tìr na h-Eiphit, agus gun tug an Tighearna a-mach as a sin thu, le làimh chumhachdaich agus le gàirdean sìnte a-mach.*

Aig toiseach bliadhna tha sinn a' cuimhneachadh air na beannachdan a thug Dia dhuinn anns na làithean agus anns na bliadhnan a chaidh seachad.

Gàidhlig Shìmplidh

28 Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: “Na dearmadaibh aoidheachd a thoirt do choigrich.” Tha na faclan seo ann an litir nan Eabhraidheach.

Tha iad sgrìobhte anns an treas caibideil deug, aig an darna rann. (Eabhraidhich 12:2.) Bha na Gàidheil riamh a' cur luach air spiorad coibhneil. Bhiodh na bàird a' moladh ceann-feadhna a bha fialaidh do chàirdean agus do choigrich. Tha an saoghal a' cur feum air spiorad a' choibhneis. Tha bochdainn anns an dùthaich againne. Ach tha bochdainn mòran nas motha ann an dùthchannan eile. Tha na Sgrìobtaran ag iarraidh oirnn a bhith fialaidh ri daoine a tha faisg oirnn agus daoine a tha fada air falbh.

28 Air an t-seachdain seo bha a h-uile seòrsa sìde againn. Bha uisge agus gaoth agus cleach-mheallain againn. Tha sneachd air na beanntan a chì sinn air fàire. Ach bha Diceudaoin coltach ri latha samhraidh. Bha e grianach soilleir. Bha beagan blàiths ann cuideachd. Nar beatha bidh amannan ann a tha dorcha agus duilich. Ach nuair a thig làithean nuair a tha cùisean fàbharach, nì sinn toileachadh riu. Bheir amannan mar sin togail do ar cridhe agus do ar n-inntinn. Cuidichidh iad sinn gu bhith a' dìochuimhneachadh mu na làithean nach robh cho tlachdmhor. Ann am beatha nan deisciobal aig Iosa bha làithean nuair a bha iad mì-chreidmeach eidòchasach. Ach bha làithean eile ann nuair a bha creideamh beò aca.

28 Seanfhacal airson a' mhìos seo: “Is e an ceò geamhraidh a nì an cathadh earraich.” (The winter mist makes the

spring snow-drift.) Tha mòran de na seanfhacal ag innse mun aimsir. Bhiodh ar sinnsearan a' gabhail beachd air an t-side. Bha comharraidhean ann a bheireadh treòrachadh dhut. Dh'innseadh iad dhut am bu chòir dùil a bhith agad ri latha math no latha dona. Tha an seanfhacal seo a' coimhead nas fhaide air adhart. Bha ceò againn am bliadhna toiseach a' gheamhraidh. Am bi sneachd agus cathadh againn nuair a thig an t-earrach? Chì sinn. Tha sinne nas ullachichte airson a' gheamhraidh na bha ar n-athraichean. Tha goireasan againne nar dachaighean nach robh acasan.

28 Dè an dòigh siubhail as fheàrr leat? Tha e math a bhith a' coiseachd. Chì sinn maise a' chruthachaidh mun cuairt oirnn. Coinnichidh sinn ri daoine eile a tha a' coiseachd. Is toigh leam a bhith a' siubhal air bus. Gheibh thu sealladh farsaing on uinneig. Tha na carbadan an-diugh luath agus cofhurtail. Bidh daoine a' dol air plèan ma bhios an t-astar fada, ged a tha feadhainn ann a bhios eagalach ma bhios iad a' dol air sgèith. Is toigh leam a bhith a' siubhal air bàta. Ach 's e an dòigh-siubhail as fheàrr leam, a bhith air trèan. Tha an trèan glè chofhurtail. Nì thu sgrìobhadh agus leughadh air an trèan. Tha e duilich gu bheil na faraidhean air trèanachan cho daor anns an latha anns a bheil sinne beò.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

TRI FICHEAD BLIADHNA

An latha roimhe thàinig *Leabhar Bliadhnail* na h-Eaglais thugam leis a' phost. Aig aon àm bhiodh clàr anns an *Leabhar Dhearg* le ainmeannan nam ministearan a tha air a bhith leth-cheud bliadhna anns an dreuchd. Ach a-nis 's e feadhainn a bha air a bhith còrr is trì fichead bliadhna 'nam ministearan a tha air an ainmeachadh. Faisg air mullach a' chlàir tha an t-Urr. Dòmhnall Uilleam MacCoinnich a chaidh a phòsadh ri coitheanal Bharraigh ann an 1941, agus a bha an dèidh sin ann an Inbhir Aora agus ann an Uachdar Ardair. Anns an luchar an-uiridh bha an t-Urr. Teàrlach MacEanraig trì fichead bliadhna anns an dreuchd. Tha esan an-diugh a' fuireach ann an Ceann Loch Chille Chiarain, far an robh e 'na mhinistear anns an Eaglais Ghàidhealaich o 1964 gu 1989. Chomharraich an seann choitheanal aige a' chlach-mhìle seo 'na mhinistearachd. Bha meas mòr air anns na sgìrean anns an robh e a' saothreachadh mun tàinig e gu Ceann Loch Chille Chiarain, Diùranais anns an Eilean Sgitheanach agus Glasairigh ann am Meadhan Earra Ghàidheal.

RANN

*Gach uair den là thoir dhomh do làithreachd threun;
Ciod ach do ghràs bheir buaidh air Sàtan fhèin?
Cò ach Thu fèin bhios dhòmhsa mar reul-iùil?
Gach oidhch' is là, O Dhè, fan maille rium.*

Seo ceathramh anns an laoidh ainmeil aig Eanraig Lyte, *Abide with me*. Chaidh an dàn eadar-theangachadh gu h-ealanta gu Gàidhlig leis an Urr. Iain MacRuairidh, an darna Fear-deasachaidh a bha air *Na Duilleagan Gàidhlig*.

DREUCHD UR

Tha an t-Urr. Iain Moireasdan air uallach coitheanail a leigeil dheth an dèidh a bhith 'na mhinistear ann an Eaglais na Trianaid ann an Cathcart o 2003. Bidh e a-nis ag obair aig carthannas. Buinidh Mgr. Moireasdan do na Hearadh. Eadar 1991 agus 1997 bha e ann an Eaglais Lorne agus Lowland ann an Ceann Loch Chille Chiarain. Ann an 1997 ghluais e gu coitheanal Hillington Park ann an Glaschu.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a thog sinn oirbh mun fhacal "ceud" air duilleagan a' Bhiobaill. 1. Iasper. 2. --- Dharius. 3. Antioch. 4. Cirenus.

AOIS MHOR

Rinn a càirdean air feadh nan eilean gàirdeachas mòr nuair a chualas gu robh Caitriona Nic a' Ghobhainn a-nis ceud bliadhna de dh'aois. Bha i pòsta aig an Urr. Calum Mac a' Ghobhainn, nach maireann, a bha 'na mhinistear ann an Cros ann an clèir Leòdhais agus ann an Hogha Mòr ann an clèir Uibhist, agus bidh cuimhne bhlàth aig an t-sluagh anns na sgìrean sin oirre fhèin agus air Mgr. Mac a' Ghobhainn. Bha esan ann an Cros eadar 1941 agus 1964, agus ann an Uibhist a Deas o 1964 gus an do leig e dheth uallach coitheanail.

OB AIR EALANTA

Anns na duilleagan Beurla aig *Life and Work* anns an Dùbhlachd bha aithisg laghach nun Urr. Dòmhnall MacGuaire agus na bàtaichean beaga a bhios e a' dèanamh. Bidh cuimhne aig an luchd-leughaidh mun tug sinn iomradh an toiseach anns *Na Duilleagan Gàidhlig* mun chur-seachad seo aig Dòmhnall agus air cho grinn agus a tha obair a làimhe. Air fear de na bàtaichean a dhealbhadh e tha an soitheach a bha an Eaglais Shaor a' cleachdadh mar eaglais air Loch Suaineirt an dèidh 1843 nuair a dhiùlt an t-uachdaran làrach dhaibh air tìr. Tha a sgeulachd fhèin aig nach bàta a bhios Mgr. MacGuaire a' dèanamh.

ADHBHAR GAIRE

Bha an t-Urr. Rob Fionnlaghstan (Fionnlaghstan nan Loch) 'na shearmonaiche cumhachdach 'na latha agus bhiodh e a' cleachdadh shamhlaidhean 'na shearmonaichean a bha air leth tarraingeach don luchd-èisteachd. Bha e cuideachd, mar a bha Augustine, a' faireachadh dlùth do gach creutair a chruthaich Dia. An latha a bha seo agus e a' seòladh ann an eathar chunnacas puthagan, no pèileagan, mar a chanas cuid, a' leum is a' snàmh seachad orra mar gum biodh iad cho toilichte. Chuala càch am ministear ag ràdh, "A puthagan bochda, dè a nì sibh nuair nach bi fairge ann nas motha?"

Urnaigh

A Dhè shiorraidh,
aig toiseach bliadhna
tha sinn gad mholadh
airson nan geallaidhean
a tha Thu a' toirt dhuinn
airson na slighe air thoiseach.
Ge b'e dè a bhios romhainn
tha Thusa a' gealltainn
gum bi Thu ri ar taobh.
Nuair a tha sinne lag
tha Thu a' gealltainn
gun toir Thu neart dhuinn.
Nuair a tha sinn a' dol
tro shuidheachaidhean dorcha
tha Thu a' gealltainn dhuinn
solas-iùil.

Amen

**An dealbh air an aghaidh:
Began bhliadhnachan ais
bha am Fear-deasachaidh
a' tilleadh dhachaigh an dèidh
a bhith a' dèanamh seirbheis Ghàidhlig
ann am Port-rìgh. Seo sealladh
a chunnaic e agus sneachd
air na beanntan.**